

## **Fiosrachadh do choimhearsnachd Shlèite: Ath-fhosgladh Sabhal Mòr Ostaig**

---

### **Ath-fhosgladh làrach na Colaiste**

Tha Sabhal Mòr Ostaig a' leantainn mapa slighe ath-bheothachaidh Covid-19 Riaghaltas na h-Alba, agus stiùiridhean sònraichte do Cholaistean is Oilthighean, agus stiùireadh Seirbheis Slàinte Nàiseanta, gus an làrach, agus àiteachan-fuirich nan oileanach, ath-fhosgladh, le modal measgaichte de dh'obair is de dh'ionnsachadh air astar agus air an làraich, far a bheil seo na phrìomhachas.

Tha sinn a' cur prìomhachas air slàinte is sàbhailteachd an luchd-obrach, nan oileanach agus luchd-màil, a bharrachd air a' bhuidhe a th' aig a' Cholaiste air a' choimhearsnachd nas fharsainghe. Tha an làrach air a bhith dùinte fad 5 mìosan a-nise. Gus leigeil leinn ath-fhosgladh, tha sinn air measaidhean cunnart ullachadh, modhan-obrach ùra a chur air dòigh airson astarachadh fiosaigeach agus tha sinn a' cur an gnìomh modhan-ùra a thaobh glaineach. Mar an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig, tha sinn cuideachd ag aithneachadh gu bheil e na phrìomhachas dha na h-oileanaich againn, mar luchd-ionnsachaidh cànan, a bhith stèidhichte air an làraich, ann an àrainneachd far a bheil a' Ghàidhlig, gus an t-eòlas bogaidh aca a mheudachadh. Tha meud na làraich againn agus na h-àireamhan oileanach còmhnaidh ìosal a' toirt cothrom dhuinn tilleadh dhan làraich, agus sinn a' cumail ris an riaghailt astarachadh 2m.

Gus seo a dhèanamh, tha sinn an dòchas fàilte a chur air na h-oileanaich làn-ùine againn an ath sheachdain (bho 29mh Lùnastal). Tha sinn a' moladh gum bi an luchd-obrach againn ag obair bhon taigh far an gabh sin dèanamh. Ach, bidh cuid den luchd-obrach a' tilleadh dhan làrach bho 10mh an Lùnastal – iadsan a tha a' dèiligeadh ri oileanaich - nam measg, luchd-teagaisg, sgiobaidhean seirbheisean taic foghlaim, aogheachd agus oighreachd - gus dèanamh cinnteach gum faigh oileanaich cothrom air beatha na Colaiste gu ìre cho àbhaisteach 's as urrainn. Bidh an luchd-obrach nach eil riatanach air an làraich no aghaidh-ri-aghaidh le oileanaich, a' leantainn orra ag obair bhon dachaigh. Bidh oileanaich à dùthchannan a tha cuingealaichte fo riaghailtean na Rìoghachd Aonaichte, ann an cuarantain fad cola-deug mus tòisich iad. Bidh oileanaich à sgìrean a tha fhathast fo ghlas ag ionnsachadh bhon dachaigh gus an atharraich an suidheachadh sin.

### **A' Choimhearsnachd air an làraich**

Bha coimhearsnachd Shlèite riamh cudromach ann am beatha na Colaiste an seo aig Sabhal Mòr, agus bha riamh cothrom againn fàilte a chur air muinntir na coimhearsnachd dhan làrach air diofar adhbharan. Ach am-bliadhna, tha am Bòrd Stiùiridh againn air co-dhùnadh a dhèanamh, gun duine a leigeil air làrach na Colaiste ach luchd-obrach riatanach, oileanaich is luchd-màil. Mar sin cha bhi seirbheisean bùth an t-Sabhail, an cfaidh, an Leabharlann, an t-inneal-airgid, clubaichean spòrs agus tachartasan sòisealta ceadaichte dhan mhòr-shluagh. Thèid sùil a thoirt air seo a-rithist airson na bliadhna-ùire. Tha seo gus dèanamh cinnteach à sàbhailteachd an sgioba agus na coimhearsnachd fhèin agus gus fois inntinn a thoirt dhuibh gu bheil sinn airson a bhith cho faiceallach sa ghabhas. Bidh cothrom fhathast aig luchd-màil nan oifisean a bhith coinneachadh ri luchd-cleachdaidh ged a bhiomaid a' brosnachadh obair air astar far a bheil seo comasach.

### **Ma nochdas Covid-19**

Ma nochdas Covid-19 air làrach na Colaiste, bheir a' Cholaiste taic dhan Riaghaltas le bhith a' toirt seachad fiosrachadh buntainneach a-rèir ro-innleachd *Deuchainn is Dìon* an Riaghaltais. Tha àite-fuirich againn ma tha oileanaich an làthair le comharran Covid-19, a leigeas leotha fuireach ann an cuarantain cho fad 's a tha riatanach, agus tha siostaman taice an sàs gus am biathadh agus taic nas fharsainge a thoirt seachad gu sàbhailte. Leanaidh sinn stiùireadh Slàinte Poblach na h-Alba aig gach ceum.

### **Measaidhean Cunnairt**

Chaidh measaidhean cunnairt a dhèanamh airson: (a) tilleadh a dh'obair, (b) sgioba-glainaidh agus (c) àiteachan-fuirich do dh'oileanaich. Chaidh ainmean a chur ris na measaidhean cunnairt seo le Cathraiche a' Bhùird agus bidh iad rim faighinn air làrach-lìn na Colaiste mar sgrìobhainnean poblach.

### **Dachaisghean Oileanaich**

Cumaidh sinn oirnn a' cumail ri astar fiosaigeach de 2m air an làraich, eadhon ged a cheadaicheas an stiùireadh airson 1m, gus an cunnart bho sgaoileadh a' bhiorais ìsleachadh ach a-mhàin na Dachaisghean Oileanaich (Student Households) a thèid a chur air dòigh airson oileanaich - a rèir làraichean - agus dìreach taobh a-staigh nan togalaichean, nan clasaichean ann an cuid de shuidheachaidhean air an làraich. Tha seo airson dèanamh cinnteach gum bi cothromachadh eadar ceumannan cuibhrichte agus dùilean reusanta airson ar n-oileanaich, gus am faigh iad cothrom air beagan àbhaisteachadh fhad 's a bhios iad air an làraich. Bidh sinn ag iarraidh air na h-oileanaich againn spèis a nochdadh dhan choimhearsnachd againn, agus bidh Comann nan Oileanaich a' cur air dòigh tachartasan air an làraich, gus measgachadh sa choimhearsnachd a lùghdachadh.

### **Atharrachaidhean Practaigeach**

Bidh sgrìonaichean Perspex an sàs ann an àiteachan poblach far an gabh sin dèanamh agus còmhdach-aodainn far nach eil, cafaidh, an taigh-bidhe agus an Leabharlann.

Bidh sinn ag iarraidh gun cosg luchd-cleachdaidh na Colaiste còmhdachadh-aodainn anns a h-uile àite poblach is gluasaid - mar eisimpleir, ann an tranntsaichean agus air staidhrichean, anns a' chafaidh agus a' bhùth. Bidh sinn a' toirt còmhdach aghaidh Shabhal Mòr Ostaig don luchd-obrach agus na h-oileanaich uile aig toiseach na bliadhna acadaimigich.

Anns a h-uile suidheachadh, bidh sinn ag iarraidh air gach neach beachdachadh air an cuid sàbhailteachd fhèin agus gum bi iad a' toirt urram is spèis do chàch nan cuid giùlain air an làraich.

### **Cinn-là Feumail**

Thill an sgioba-glainaidh againn chun na làraich 3 Lùnastal, 2020. Thill cuid den luchd-obrach a bharrachd bho 10 Lùnastal airson ullachadh airson an teirm ùr. Tòisichidh an t-Seachdain Inntigidh Oileanaich againn air 31 Lùnastal. Tòisichidh teagasg aghaidh-ri-aghaidh air 7 Sultain.

### **Taing**

Bu mhath leinn an cothrom seo a ghabhail airson taing a thoirt dhuibh uile, mar choimhearsnachd, airson ur taic tron ùine fo-ghlais. Agus bu chòir taing shònraichte a thoirt don fheadhainn a tha air cumail orra a' tabhann prìomh sheirbheisean. Bha na h-oileanaich eadar-nàiseanta againn, nach b' urrainn siubhal dhachaigh, gu sònraichte taingeil dha Bùth Armadail agus dhan Chrùbh, a chum biadh agus nithean riatanach eile riutha. Tha sinn gu math moiteil a bhith mar phàirt den choimhearsnachd seo.

### **Cùisean Covid-19**

Ma nochdas cùis air an làraich, leanaidh sinn modhan-obrach NHS agus againn fhèin agus nì sinn cinnteach gum cum sinn ris an stiùireadh a lùghdaicheas an cunnart fo sgapadh a' bhiorais. Ma

nochdas dà chùis air làrach na Colaiste (dearbhte no amharasach), thèid dèiligeadh ris mar sgapadh ionadail, oileanaich no luchd-obrach. Ma bhios an sgìre fhèin fo ghlas, cumaidh sinn oileanaich air an làraich, airson iad fhèin a dhìon agus gus lùghdachadh cunnairt am bhìoras a sgapadh. Tha àite-fuirich fa leth againn airson oileanaich air a bheil comharraidhean Covid agus siostaman-taic stèidhichte dhaibh. Aig gach ceum, leanaidh sinn stiùir Slàinte Poblach na h-Alba. Tha seòmraichean fa leth againn airson luchd-obrach a dh'fhàsas bochd cuideachd, fhad 's a bhios iad a' feitheamh air lioft.

### **Tuilleadh Fiosrachaidh**

Dh'fhaodadh an suidheachadh agus na riaghailtean atharrachadh aig àm sam bith agus a rèir mar a dh'obraicheas gnothaichean làitheil sa Cholaiste, a rèir stiùireadh bhon Riaghaltas.

Ma tha ceistean agaibh no ma tha tuilleadh soillearachd a dhìth oirbh mu phuing sam bith, faodaidh sibh fònadh gu Nicola NicThòmais, Stiùiriche Corporra, eadar 9m-12f, Diluain – Dihaoine, air 01471 888 301 no air post-d àm sam bith aig [nnt.smo@uhi.ac.uk](mailto:nnt.smo@uhi.ac.uk)